

# N5

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais  
Nàiseanta  
2025

Comharra



X832/75/01

Gàidhlig  
Leughadh

Gàidhlig Reading

DIHAOINE, 2 CÈITEAN

1:00 F – 2:40 F



\* X 8 3 2 7 5 0 1 \*

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgriobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oilleanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgriobh do fhreagairtean gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas anns an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mur a dùn thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA<sup>®</sup>



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 1 \*

### Ciad Chobhair Naomh Anndra

Is e buidheann charthannais a th' ann an Ciad Chobhair Naomh Anndra a tha air a bhith ag obair ann an Alba fad bhliadhnaichean. 'S e prìomh amas a' charthannais ciad chobhair a thoirt seachad do dhaoine nuair a tha feum aca air. Tha iad den bheachd nach bu choir do dhuine sam bith fulang no bàsachadh a chionn nach d' fhuair iad cuideachadh ann an àm.

Chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh le dotairean agus luchd-gnothachais ann an Glaschu ann an 1882, aig àm nuair a bha am baile a' meudachadh mar bhaile gniomhachail. Bha a' mhòr chuid de dhaoine ag obair ann an àrainneachdan air leth cunnartach leithid na gàrraidhean-luinge, na mèinnean agus na rèilean. Bha draghan ann mun àireamh de dhaoine a bha air an leòn aig an àite-obrach 's ri linn sin 's ann sna h-àiteachan seo a bha mòran de na ciad buidhnean air an stèidheachadh.

San latha an-diugh tha a' bhuidheann a' toirt seachad an ìre as àirde de sgilean ciad chobhair agus cothroman saor-thoileach air feadh na dùthcha. A bharrachd air a bhith a' tabhann seirbheisean ciad chobhair aig tachartasan poblach leithid cuirmean-ciùil, fèisean agus geamaichean ball-coise, bidh iad a' toirt cothroman do dhaoine a bhith ag ionnsachadh mu sgilean ciad chobhair. Bho aois còig bliadhna gheibhear eòlas air sgilean bunaiteach air am faodar togail tro phrògraman sònraichte do dh'òigridh gu ruige aois fichead 's a cheithir. Tha a' bhuidheann cuideachd a' lìbhrigeadh trèanadh do dh'ìn bhich anns na coimhearsnachdan aca fhèin.

Tha an carthannas mothachail air daoine òga a tha a' fuireach ann an sgìrean bochda is mì-leasaichte leis gu bheil eucoir is modh mì-shòisealta nas cumanta. Ged a tha feadhainn de dhaoine òga sna sgìrean seo airson beatha nas fheàrr a bhith aca tha cuid ann nach eil cho dòchasach mu na cothroman a bhios aca san àm ri teachd. Tha an carthannas gu làidir den bheachd gu bheil e deatamach a bhith a' toirt buaidh mhaireannach air na daoine òga ris am bi iad a' coinneachadh oir 's e àm fior chudromach a tha seo nam beatha far am faodadh deagh buaidh toirt orra co-dhùnайдhean nas fheàrr a dhèanamh.

Tha an carthannas a' ruith pròiseactan ann an sgoiltean cuideachd far am faigh sgoilearan trèanadh ann a bhith a' lìbhrigeadh bùithean-obrach ciad chobhair do sgoilearan eile. Tro na bùithean-obrach seo ionnsaichidh sgoilearan sgilean a chuireas iad gu feum ann am beatha agus san t-saoghal obrach. Tha seo gu h-àraidh buannachdail do sgoilearan nach eil a' dol a leantainn slighe fhoghlaim thraigiseanta oir 's thig piseach air an sgilean conaltraidh agus fàsaidh am misneachd.

Tha am feum a tha an carthannas seo a' dèanamh ann an Alba dearbhte nuair a dh'innseas daoine mu mar a tha iad a' cur nan sgilean a tha iad air ionnsachadh gu feum; daoine leithid Daibhidh Maclain, balach òg à Glaschu. Bha Daibhidh ann am meadhan a' bhaile aon oidhche Shathairne nuair a chunnaic e fear a chaidh a leagail le bus. Bhuail am fear a cheann air an t-sràid agus chaidh Daibhidh na dheann a-null thuige. Dh'èigh e, 'an cluinn thu mi, an cluinn thu mi?' ach cha tàinig freagairt. Ged a bha e fhathast a' gabhail anail bha e gun mhothachadh. Chunnait Daibhidh gun robh e air a dhroch leòn air a cheann is gun robh fuli a' sruthadh às. Ruith Daibhidh chun na bùtha a b' fhaisge gus nèapraigearan fhaighinn airson stad a chur air an fhuil. Chuir e cuideam air an lot a bh' air ceann an duine gus feuchainn ris an fhuil a stad agus chùm e air a' bruidhinn ris gus inntinn an duine a chur aig fois. Nuair a ràinig na seirbheisean-èiginn rinn iad moladh mòr air na h-oidhirpean aig Daibhidh, agus mar a dhèilig e ri suidheachadh èiginneach gu cùramach. Annas na seachdainean ron tubaist bha Daibhidh air a bhith an sàs ann am pròiseact san sgoil le Ciad Chobhair Naomh Anndra. Mura b' e gun robh e air an cothrom sin a ghabhail cha bhiodh e air a bhith comasach dha an duine sin a chuideachadh.



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 2 \*

Tha e glè fhollaiseach gu bheil iomadach feart cudromach a dhìth air neach a tha airson a bhith an sàs ann an obair ciad chobhair. Tha soirbheas a' charthannais seo an urra ri daoine a tha deònach uairean a thìde den ùine aca fhèin a thoirt seachad gu saor-thoileach. Is cinnteach ge-tà gu bheil iomadh buannachd ri fhaighinn o bhith an sàs san obair seo a tha nas luachmhor na airgead.

[Tionndaidh an duilleag



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 3 \*

*duilleag 03*

Ceistean

1. Dè am prìomh amas a tha aig a' bhuidheann charthannais seo?

1

---

---

2. Thoir gèarr-chunntas air na h-adhbharan a chaidh a' bhuidheann seo a stèidheachadh.

3

---

---

---

---

---

3. Ainmich dà dhòigh anns am bi a' bhuidheann ag obair san latha an-diugh.

2

---

---

---

---

4. Dè tha a' dearbhadh gu bheil an carthannas a' tairgsinn cothroman ionnsachaидh fad-bheatha?

3

---

---

---

---



5. (a) Carson a tha an carthannas a' cumail an aire gu sònraichte air daoine òga a tha a' fuireach an sgìre bochda?

1

---

---

- (b) Dè an dà dòigh-smaoineachaidh a tha aig daoine òga a tha a' fuireach anns na sgìrean seo?

2

---

---

---

---

- (c) Dè na faclan sònraichte a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh gus dèanamh soilleir gur e obair fheumail a tha an carthannas a' dèanamh leotha?

2

---

---

---

---

6. Ainmich trì buannachdan a gheibh sgoilearan às na pròiseactan a bhios an carthannas a' ruith.

3

---

---

---

---

---

---

---

[Tionndaidh an duilleag



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 5 \*

7. (a) Ainmich **ceithir** ceumannan a ghabh Daibhidh Maclain gus an duine air an t-sràid a chuideachdad.

4

---

---

---

---

---

- (b) Dh'èigh e, 'an cluinn thu mi, an cluinn thu mi?' ach cha tàinig freagairt. Dè a' bhuaidh a tha aig faclan Dhàibhidh air an earrainn?

1

---

---

---

- (c) Dè tha a' dearbhadh gun do dhèilig Daibhidh ris an t-suidheachadh anns an òigh cheart?

2

---

---

---

8. Dè, nad bheachd-sa, an 'iomadh buannachd' a tha an sgrìobhadair a' ciallachadh?

2

---

---

---



9. A' smaoineachadh air na leugh thu san earrainn gu lèir, ainmich feartan a dh'fheumadh a bhith aig neach a bha airson a dhol an sàs ann an obair ciad chobhair.

2

---

---

---

10. Dè cho soirbheachail 's a bha an sgrìobhadair ann a bhith gad bhrosnachadh a dhol an sàs ann an obair shaor-thoileach? Thoir adhbhar airson do bheachd le fianais bhon teacsa.

2

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 7 \*

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 8 \*

duilleag 08

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---



\* X 8 3 2 7 5 0 1 0 9 \*

*duilleag 09*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 8 3 2 7 5 0 1 1 0 \*

*duilleag 10*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



*duilleag 11*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



*duilleag 12*